



An Nead 1

Bha an geamhradh seachad. Bha a' ghrian a' fàs blàth agus bha dìtheanan brèagha, buidhe agus gorm a' fàs am measg an fheòir. Bha na h-eòin toilichte gun robh am fuachd seachad. Bha iad a' cruinneachadh rudan airson nead a thogail.

Thàinig na druidean gu pàirc. Chunnaic iad prasach làn feòir. Bha seo bog agus blàth agus bha a' chearc toilichte. Ach an uair sin thàinig each mòr agus thòisich e ag ithe às a' phrasaich. Ghabh na druidean eagal mòr agus thill iad dhachaigh.





An Nead 1

Lìon na beàrnan.

1. Bha an _____ seachad.
2. Bha _____ brèagha a' fàs.
3. Bha iad _____ agus _____.
4. Bha am _____ seachad cuideachd.
5. Bha na h-èin _____.
6. Bha iad a' togail _____.
7. Chunnaic na druidean _____ feòir.
8. Bha am feur _____ agus _____.
9. Thàinig _____ mòr.
10. Ghabh na druidean _____ mòr.
11. Thill iad _____.
12. Cha do thog iad _____ idir.





An Nead 1

Dè tha ann am prasach?

.....
.....

Cò am bèibidh ùr a bha ann am prasach ann an stàball?

.....
.....

Dè na rudan a dh'fheumas eun airson nead a dhèanamh?

.....
.....

Dè na h-àitichean anns am bi eòin a' togail neadan?

.....
.....

